

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## **Srath Àrdail (1)**

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.macleon@bbc.co.uk](mailto:rodny.macleon@bbc.co.uk). This is Litir 842. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 538 corresponds to Litir 842.*

Bidh mi a’ ruith chùrsaichean co-cheangailte ri nàdar agus dualchas nan Gàidheal ann an àite ann an Siorrachd Pheairt. ’S e Ionad Eòlas-nàdair *Cheann Drogain* a th’ air an àite mar ainm agus tha e suidhichte ann an *Srath Àrdail* eadar Baile Chloichridh agus Cill Mhìcheil.

Mus do thòisich mi aig Ceann Drogain, cha b’ aithne dhomh cus mu Shrath Àrdail. Bha mi na b’ eòlaiche air an ath ghleann gu sear – Gleann Sìth. Ach mar a bu mhotha a rinn mi rannsachadh air Srath Àrdail, ’s ann a bu mhotha a thug mi an aire gu robh dualchas làidir Gàidhealach aig an sgìre. ’S iomadh sgeulachd a th’ ann mu a deidhinn agus bu mhath leam tè dhiubh sin aithris dhuibh an-dràsta. Chan eil mi ag ràdh, ge-tà, gu bheil i a’ riochdachadh na firinn!

Faisg air Ceann Drogain, tha baile beag ann air a bheil An t-Aonach Dubh mar ainm. Ann an sin, tha clach a tha a’ comharrachadh uaigh aig fear Àrdal a thug ainm don t-Srath. A rèir beul-aithris, chaidh Àrdal a mharbhadh an sin ann an cath an aghaidh feachd de Dhànaich.

Bha triùir bhràithrean ann agus **b’ e Àrdal am fear a bu shine dhiubh**. Thug na gaisgich seo an ainmean don sgìre a bha iad a’ riaghladh. Agus bha an ainmean co-cheangailte ris an fhacal ‘fuil’.

B’ e ‘Àrd-fhuil’ no ‘*noble blood*’ am fear a bu shine. Tha sinn eòlach air an-diugh mar Àrdal, agus b’ ann leis-san a bha Srath Àrdail. B’ e an dàrna bràthair ‘Ath-fhuil’ no ‘*next blood*’ agus bha esan a’ riaghladh ann an Athall. Agus b’ e an treas fear ‘Teth-fhuil’ no ‘*hot blood*’ aig an robh smachd air *Teimhil* (no *Strath Tummel*).

Thug Teth-fhuil ainm do dh’Uisge Teimhil – *the River Tummel* – anns an dòigh seo. Bha e fhèin is companaich an sàs ann a bhith a’ togail creach air latha fuar geamhraidh. Bha tuil san abhainn agus bha cnapan mòra deighe a’ falbh leis an t-sruth. Bha a chompanaich dhen bheachd gun robh e ro chunnartach a dhol a-null. Ach bha an ceannard cho ‘teth na fhuil’ ’s nach robh e airson èisteachd riutha. Dh’fheuch e ri snàmh a-null. Ach bhual pìos mòr deighe ann agus chaidh e fodha. Bha e air a bhàthadh anns an abhainn.

Mus d’ fhuair Àrdal bàs, bha ainm eile air Srath Àrdail. B’ e sin Srath Mòr na Muice Brice. Bha muc mhòr fhiadhaich a’ fuireach ann uaireigin. Bha saobhaidh aice aig Sròn na Muice. Agus bha i a’ dèanamh sgrios air an àite.

Ach bha sgrios na bu mhiosa a’ tighinn – na Dànaich. Aig an àm sin, bha **tursa** – clach mhòr sheasaimh – aig an Aonach Dhubh. Tha i ann fhathast. Bha na h-

Albannaich am falach air tulach faisg air an tursa. Bha na Dànaich a' caismeachd gu tuath anns an t-srath. Nuair a ràinig iad an tursa, thug na h-Albannaich ionnsaigh orra.

Bha cath mòr ann agus chaidh na Dànaich a ruagadh. Lean Àrdal agus fear eile orra ach chaidh iad ro fhaisg. Thionndaidh na Dànaich orra agus mharbh iad Àrdal agus a charaid. Chaidh an dithis a thiodhlacadh faisg air an tursa fo leac mhòr. 'S e Uaigh Àrdail a chanas daoine ris an àite sin an-diugh, ged as e 'Giant's Grave' a chithear air mapaichean an t-Suirbhuidh Òrdanais.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** Siorrachd Pheairt: *Perthshire*; Srath Àrdail: *Strathardle*; Baile Chloichridh: *Pitlochry*; Cill Mhìcheil: *Kirkmichael*; Ceann Drogain: *Kindrogan*; An t-Aonach Dubh: *Enoch Dhu*; trìùir bhràithrean: *three brothers*; saobhaidh: *den*; a' caismeachd: *marching*.

**Abairtean na Litreach:** cha b' aithne dhomh cus: *I didn't know too much*; na b' eòlaiche air an ath ghleann gu sear – Gleann Sith: *more familiar with the next glen to the east – Glenshee*; mar a bu mhotha a rinn mi rannsachadh air X, 's ann a bu mhotha a thug mi an aire gu robh dualchas làidir Gàidhealach aig an sgìre: *the more that I researched X, the more that I noticed that the area has a strong Gaelic heritage*; 's iomadh sgeulachd a th' ann mu a deidhinn: *there are many stories about it [fem]*; clach a tha a' comharrachadh uaigh: *a stone that marks a grave*; cath an aghaidh feachd de Dhànaich: *a battle against a force of Danes*; a' riaghladh ann an Athall: *ruling in Atholl*; bha tuil san abhainn: *there was a flood in the river*; bha cnapan mòra deighe a' falbh leis an t-sruth: *big blocks of ice were moving with the current*; gun robh e ro chunnartach a dhol a-null: *it was too dangerous to cross*; 's nach robh e airson èisteachd riutha: *that he didn't want to listen to them*; bhuail pìos mòr deighe ann agus chaidh e fodha: *a large block of ice hit him and he went under*; bha e air a bhàthadh: *he was drowned*; Srath Mòr na Muice Brice: *the large strath of the speckled pig*; clach mhòr sheasaimh: *a large standing stone*; bha na h-Albannaich am falach air tulach: *the Scots were hidden on a hillock*; chaidh na Dànaich a ruagadh: *the Danes were routed*; chaidh an dithis a thiodhlacadh fo leac mhòr: *the pair were buried under a large slab*.

**Puing-chànain na Litreach:** *the word tursa, now commonly used for a standing stone (rather than clach or carragh) is an interesting one. As far as I am aware, it doesn't appear in any but the most recent dictionaries and it is not in the Gaelic of Perthshire if Armstrong's 1825 dictionary is deemed to be comprehensive. Neither is it in MacBain's etymological dictionary or in Dwelly. It appears to perhaps be a Lewis word, a loan from Old Norse, and is certainly used in relation to landmarks in western Lewis eg Tursachan Chalanais, the Callanish Stones. Can any of you fill in the blanks?!*

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** b' e Àrdal am fear a bu shine dhiubh: *Ardle was the eldest of them.*

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA